

| <p><b>Measaidhean Buaidh aig Riaghaltas na h-Alba mu ullachaidhean airson a bhith a' tilleadh dhan Sgoil san Fhaoilleach 2022</b></p> <p><b>Freagairt le Bòrd na Gàidhlig</b></p> <p><b>Faoilleach 2022</b></p>  | <p><b>Scottish Government Impact Assessments on Back to School arrangements for January 2022</b></p> <p><b>Response from Bòrd na Gàidhlig</b></p> <p><b>January 2022</b></p>   |
|--|--|
| <p>Tha sinn a' cur fàilte air mar a chaidh cuid de na molaidhean san fhreagairt againn a chur anns an stiùireadh a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba airson an Lùnastail 2021. Tha na molaidhean againn airson comhairle an Fhaoilich 2022 air an liostadh gu h-ìosal.</p> <p><b>Measadh Buaidh: A' lùghdachadh Riosgan ann an Sgoiltean, Am Faoilleach 2022</b></p> <ol style="list-style-type: none"> <li>1. Anns an fhreagairt againn san Lùnastal 2021, thog sinn ceist mu shoilleireachd taobh a-staigh na Tairgse E-lonnsachadh Nàiseanta (National E-Learning Offer - NELO). Chan eil seo soilleir fhathast a thaobh stuthan taice airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus Foghlam tro Mheadhan na Beurla (FtB).<br/>Tha an nòta againn bhon Lùnastal 2021 gu h-ìosal: <ul style="list-style-type: none"> <li>• Fo Phlanaichean Leasanan-ionnsachaidh air Astar, tha ceangal ga thoirt ri Tairgse NELO (td15). Chan eile e follaiseach a bheil taic ri foghlam Gàidhlig a' cleachdadh a' cheangail sin – tha raon farsaing de stuth-taice a' nochdadh airson solar Beurla is Albais ach chan eil toraidhean sam bith a' tighinn le bhith a' cleachdadh a' phutain-rannsachaidh airson Gàidhlig. Bhiodh e cudromach soilleireachadh mar a bhios Tairgse NELO a' cur taic ri FtG.</li> </ul> </li> <li>2. Tha dleastanas cudromach aig Buidheann Ath-shlànachaidh Foghlaim Covid-19 ann a bhith a' toirt seachad ceannas ro-innleachdail airson roinn an fhoghlaim. Tha e cudromach gum beachdaich Buidheann Ath-shlànachaidh an Fhoghlaim an dà chuid air roinnean FtG agus FtB agus gun toir e seachad molaidhean iomchaidh, stèidhichte air</li> </ol> | <p>We welcome the inclusion of some of our recommendations in our response to the guidance issued by the Scottish Government for August 2021. Our recommendations for the January 2022 advice are detailed below.</p> <p><b>Impact Assessment: Reducing Risks in Schools January 2022</b></p> <ol style="list-style-type: none"> <li>1. In our August 2021 response we raised the issue of clarity within the NELO Offer. This still remains unclear regarding Gaelic-medium Education (GME) and English-medium Education (EME) support material.<br/>Our August 2021 note is attached below: <ul style="list-style-type: none"> <li>• Under Remote Learning Lesson Plans, a link is provided to the NELO Offer (p15). It is unclear where support for Gaelic-medium is using the same link – a wide range of support material appears for English and Scots delivery but using the search button for Gaelic and/or Gàidhlig does not produce any results. It would be important to clarify how the NELO Offer supports GME.</li> </ul> </li> <li>2. The Covid19 Education Recovery Group has an important role to play in providing strategic leadership for the education sector. It is crucial that the Education Recovery Group reflects on both the GME and EME sectors and makes appropriate, evidenced</li> </ol> |

fianais airson gach roinn. Mholamaid gum beachdaich a' bhuidheann Ath-shlànachaidh Foghlaim air mar a tha e a' toirt comhairle iomchaidh dhan dà roinn.

3. San fhreagairt againn san Lùnastal 2021, mhol sinn gun toireadh Ùghdarrasan Ionadail fiosrachadh taice do Theaghlaichean FtG agus chuireamaid am moladh seo an cèill a-rithist. A bharrachd air seo, tha na dh'ionnsaichear eadar 21 Lùnastal is 22 Dùbhlachd agus ann an teirmean roimhe air na dùbhlain sònraichte a shealltainn a thug buaidh air roinn FtG a thaobh dùnadh sgoiltean agus neo-làthaireachd luchd-obrach agus air mar a bheir seo buaidh air bogadh. Mholamaid gun toir Ùghdarrasan Ionadail stiùireadh ro-innleachdail do sgoiltean a thaobh na dòigh as fheàrr air deagh foghlaim a lìbhrigeadh anns an t-suidheachadh FtG. Dh'fhaodadh seo a bhith co-cheangailte ri cruthachalachd ann an cleachdadh luchd-obrach mar eisimpleir agus a bhith a' faighinn cothrom air taic shònraichte bho bhuidhnean leithid e-Sgoil.

Mar a chaidh a ràdh san tagradh a rinn sinn roimhe, bhiodh Bòrd na Gàidhlig toilichte comhairle phroifeasanta a thoirt seachad air seo agus air a h-uile cùis co-cheangailte ri FtG.

Cuir fios gu [oifis@gaidhlig.scot](mailto:oifis@gaidhlig.scot)

4. Measadh Buaidh Eileanach.

Mholamaid gun tèid comhairle a bharrachd a thoirt seachad mu na leanas:

- Ann am mòran eileanan Albannach bidh FtG agus Gàidhlig gu sònraichte cudromach leis cho làidir 's a tha an cànan ann an coimhearsnachdan eileanach. Mar sin, bu chòir cuideam sònraichte a chur air a bhith a' toirt seachad seirbheisean FtG sna co-theacsan sin. Mar sin tha ro-innleachdan luchd-obrach agus libhrigeadh foghlam bogaidh ro-chudromach.

suggestions for either sector. We recommend that the Education Recovery Group reflects on how it is providing appropriate advice for both sectors.

3. In our August 2021 response we recommended that Local Authorities provide GME Families with support information and we would reiterate this recommendation. In addition, the experience of the period August 21 – December 22 and previous terms has demonstrated the particular challenges, which have impacted on the GME sector regarding school closure and staff absence and how this impacts on immersion. We recommend that Local Authorities provide strategic leadership for schools regarding how best to deliver a quality educational experience in the GME setting. This may relate to creativity in staff deployment for example and accessing particular support from agencies such as e-Sgoil.

As stated in our previous submission the Bòrd Education Team will be happy to provide professional advice on this and all issues relating to GME.

Please contact [oifis@gaidhlig.scot](mailto:oifis@gaidhlig.scot)

4. Island Impact Assessment.

We recommend further advice be provided regarding the following:

- In many Scottish Islands GME and Gaelic will have particular importance given the strength of the language in island communities. Regard should be given therefore to providing GME services in these contexts. Staffing strategies and the delivery of immersion education are therefore crucial.



- Bu chòir aire shònraichte a thoirt do raon de phoileasaidhean a bheir buaidh air FtG agus Gàidhlig ann an coimhearsnachdan eileanach. Dh'fhaodadh iad seo a bhith a' gabhail a-steach: Poileasaidh Gàidhlig an Toiseach aig Comhairle nan Eilean Siar (CnES) Na Planaichean Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus CnES.

### Measadh air Còraichean agus Sunnd Chloinne

1. Bhiodh e feumail toirt fa-near sa chiad dol a-mach gu bheil na h-altan a leanas a' toirt buaidh dhìreach air solar FtG.

Alt 28 – Còir air Foghlam

Alt 28 – Meas air na cultaran aca fhèin is aig daoine eile

Alt 30 – Mion-shluaighean agus tùsanaich

Alt 31 – Farsaingeachd de ghnìomhachdan cultarail is ealain

Cuidichidh aithris mu mar a tha Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne a' toirt buaidh dhìreach air roinn FtG gus an co-theacs a shoillearachadh mu na beachdan a bharrachd a tha sinn a' toirt seachad.

2. Buaidh aig a' Phoileasaidh/Ceum air Còraichean Chloinne

Tha sinn a' moladh gum bu chòir iomradh sònraichte a bhith ann air td7 air clann ann am FtG a thaobh Alt 30. A bharrachd air sin, còmhla ris na beachdan air td9 a' buntainn ri FtG, tha sinn a' moladh fiosrachadh a bharrachd co-cheangailte ri Alt 31 agus an raon de ghnìomhachdan cultarail is ealain taobh a-staigh co-theacs FtG.

- Particular regard should be paid to a range of policies which impact upon GME and Gaelic within island communities and these may include: The Gaelic First policy of CNES The Gaelic Language Plans of Highland Council, Argyll and Bute and CNES.

### Children's Rights and Wellbeing Assessment

1. It would be useful guidance from the onset to note that the following articles impact directly on GME provision:

Article 28 – Right to Education

Article 29 – Respect for own / other cultures

Article 30 – Minority and Indigenous groups

Article 31 - Range of cultural and artistic activities

A statement relating to how the UNCRC directly impacts on the GME sector will help to clarify the context for additional comments we are making.

2. Impact of the Policy/Measure on Children's Rights

We recommend on p7 that a specific mention of children in GME provision be made in relation to Article 30. In addition, along with the comments on p9 relating to GME, we recommend additional information relating to Article 31 and the range of cultural and artistic activities within the GME context.



|  |   |
|--|---|
| <p>3. Anns an earrann air a bheil “Included” (td20), mholamaid gun toirear iomradh sònraichte air FtG. Bidh seo co-cheangailte ri bhith a’ libhrigeadh bogadh taobh a-staigh roinn FtG, solar luchd-obrach, taic do phàrantan agus libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig mar cho-theacs farsaing.</p> <p>4. Tha sinn a’ toirt fa-near gu bheil grunn bheachdan ann a thaobh sgòp Measadh Buaidh Còraichean agus Sunnd Chloinne (Children’s Rights and Wellbeing Impact Assessment - CRWIA) agus air na tùsan fianais a tha mar bhunait do na co-dhùnidhean. Thathar a’ cleachdadh nan tùsan fianais a leanas:</p> <p>Fiosrachadh Stadastaigeil<br/>Dàta<br/>Anailis Neo-eisimeileach<br/>Ath-sgrùdaidhean leis an 3<sup>s</sup> Roinn.</p> <p>Thug sinn fa-near gun robh iomradh sònraichte air na leanas:</p> <p>Slàinte Phoblach na h-Alba: Buaidh Covid-19 air daoine 10-17 bliadhna a dh’aois</p> <p>Pannal Ath-shlànachaidh Foghlaim na h-Òigridh</p> <p>Lockdown Lowdown</p> <p>Tha sinn a’ moladh gun dèanar ath-sgrùdadh air na tobraichean fiosrachaidh seo gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh ann an dà chuid mu na roinnean FtG agus FtB agus gun tèid fiosrachadh a shireadh bho dhaoine òga le Gàidhlig mu na dh’fhiosraich iad.</p> <p>Mar a thuirt sinn san fhreagairt againn san Lùnastal 2021, bhiomaid fìor thoilichte fiosrachadh no mìneachadh a bharrachd a thoirt dhuibh air cuspair sam bith nam biodh sin feumail.</p> | <p>3. In the section titled “Included” (p20) we recommend specific mention is made of GME. This will relate to the delivery of immersion within the GME sector, the provision of staffing, support for parents and the delivery of the National Plan for Gaelic as an overarching context.</p> <p>4. We note a range of comments regarding the scope of the CRWIA and the evidence base used to support conclusions. The following evidence bases are cited:</p> <p>Statistical Evidence<br/>Data<br/>Independent Analysis<br/>3<sup>rd</sup> Sector reviews</p> <p>We noted particular reference was made to the following:</p> <p>Public Health Scotland: Impact of COVID-19 19 on 10–17-year-olds.</p> <p>Education Recovery Youth Panel</p> <p>Lockdown Lowdown</p> <p>We recommend that these sources of information are reviewed to ensure there is information on both the GME and EME sectors and that input from Gaelic-speaking young people about their experiences has been collated.</p> <p>As stated in our August 2021 response, we will be very happy to provide additional information or further explanation of any issue, if that were useful.</p> |
|--|---|



Deagh dhùrachdan,

Shona NicIllinnein  
Ceannard, Bòrd na Gàidhlig

Sincerely,

Shona MacLennan  
Ceannard, Bòrd nas Gàidhlig



Bòrd na Gàidhlig,  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,  
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,  
Great Glen House, Leachkin Road,  
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454  
oifis@gaidhlig.scot  
www.gaidhlig.scot

